



DACHAIGH CHLANN DÒMHNAIL

Ar dìleab - Ur dearbhachd

Thigibh a chèilidh air an 20, 000 acair againn ann an Slèite - leth-eilean air leth àlainn. Chithear seallaidhean iongantach air na slèibhtean taobh thall na mara ann an Cnòideart agus mu thuath dhan Chuiltheann ghhlòrmhor.


Chaidh an gàrradh againn de 40 acair coillteach a stèidheachadh sna 1600an, agus tha e a' cuairteachadh làrach mhòrail Chaisteal Armadail 's na roinne Gotaich aige. Tha na leanagan lurach, ceumannan barraide, feannagan fhùraichean, lòintean dealbhte loma-làn bheathaichean agus am brat-earraich brèagha aice de churracan-cuthaige a' dèanamh seo na seud phriseil dhen Eilean Sgitheanach.

Leanaibh a-null nan slighean 's nan ceumannan seachad air a' ghàrradh gu ruige coilltean aosmhor agus tràighean iomallach far am faic sibh, 's dòcha, mucan-mara, iolairan agus fèidh.

Lorgaibh eachdraidh nan Gàidheal is Chlann Dòmhnail, fear de na cinnidhean as cliùitiche ann an Alba, ann an Taigh-tasgaidh nan Eilean. Faodaidh sibh ur sinnsearachd fhèin a rannsachadh, 's sibh a' leantainn cas-cheum nan ceann-cinnidh agus Flòraidh NicDòmhnail a thug cobhair dhan Phrionnsa Theàrlach, 's a phòs an seo.

Tadhailibh air ar bùithtean tiodhlaic agus gabhaibh ur leòr den bhiadh taiceil dachaigh ann an Taigh-bìdh nan Stàbail gu cuairt-latha a thoirt gu crìoch chòrdail còmhla ris an teaghlach.

Linntean de dh'eachdraidh, na ceudan de chuaritean, 20,000 acair air a' bhàr mhòr a-muigh ann an Alba... dh'fhaoidte nach fòghainnear aon turas gus a h-uile càil fheuchainn!



Fònaibh no tadhailibh air ar làraich-lìn airson mion-fhiosrachadh air inntrigeadh do chiorramaich.



Fosgailte seachd làithean san t-seachdain, An Giblean gu An Dàmhair

Uairean fosglaidh: 9.30m - 5.30f (Inntrigeadh mu dheireadh: 5f)

Clann Dòmhnail Shlèite, Armadal, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV45 8RS
fòn: +44 (0) 1471 844305 | www.clandonald.com



Gàrraidhean ~ Caisteal ~ Taigh-tasgaidh ~ Ceumannan Nàdair ~ Taigh-bìdh ~ Bùithtean Tiodhlaic ~ Taighean Luchd-turais

